



AN DREUCHD	Manaidsear airson Ionad Cùraim-chloinne
ROINN	Fàs Mòr
FO STIÙIR	Bòrd Stiùiridh Fàs Mòr
FO DO STIÙIR	Luchd-obrach Cùraim-chloinne
AN TUARASTAL	£30,168 - £34,985 a rèir sgilean, eòlais agus theisteanasan
ÀITE-OBACH	Fàs Mòr, air làrach Bun-sgoil Shlèite

## ADHBHAR NA H-OBACH

Gus dèanamh cinnteach gun tèid Fàs Mòr, ionad cùraim-chloinne Ghàidhlig airson clann aois 0-12, a ruith is a stiùireadh gu sàbhailte is gu h-èifeachdach agus gun tèid sàr mhodhan-obrach a chur an sàs san ionad. Nì Manaidsear an Ionaid cinnteach gun tèid cumail ri reachdas freagarrach, inbhean Buidheann-sgrùdaidh a' Chùraim agus riatanasan SSC fhad 's a bhios iad a' stiùireadh luchd-obrach agus a' dèanamh cinnteach gun tig builean matha às an obair-chùraim do chloinn is teaghlaichean.

## PRÌOMH DHLEASTANASAN

### Ceannas is Stiùireadh

- A' toirt ceannas, taic agus stiùireadh do luchd-obrach is saor-thoilich
- A' cumail rian air clàran-ama obrach agus cò bhios ag obair gach latha
- A' cuideachadh le trusadh luchd-obrach agus le trèanadh-inntrigidh, trèanadh agus cothroman leasachaidh leantainneach dhaibh
- A' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh èifeachdach ann taobh a-staigh an sgioba

### Cùram-chloinne is Ionnsachadh

- A' dèanamh cinnteach bheil inbhean àrda gan coileanadh a thaobh cùram, math dhaoine agus dìon air daoine
- A' cur taic ri ionnsachadh is leasachadh na cloinne tro chluich agus obair àraich
- A' brosnachadh obair in-ghabhalach agus dòighean-giùlain taiceil
- A' dèanamh cinnteach gu bheil àrainneachd shàbhailte, chàirdeil agus bhrosnachail ann leis an t-seirbheis

### A' Cumail ri Reachdas is Dearbhachd Càileachd

- A' dèanamh cinnteach gun cumar ri riaghailtean Buidheann-sgrùdaidh a' Chùraim, an SSSC agus reachdas buntainneach eile
- A' cur phoileasaidhean is mhodhan-obrach an sàs agus a' dèanamh ath-sgrùdadh orra
- A' stiùireadh chùisean a thaobh slàinte is sàbhailteachd, dìon chloinne agus dìon dàta
- A' cur taic ri sgrùdaidhean agus modhan-obrach gus piseach a thoirt air ìrean seirbheis
- Ag ullachadh agus a' cur an gnìomh phlanaichean leasachaidh nuair a bhios sin a dhìth



## Rianachd is Ionmhas

- A' cumail rian air siostam airson ùine a ghleidheadh do chloinn san ionad, làthaireachd agus air clàran na cloinne
- A' cumail chlàran rianachd is obrach neo-mhearachdach
- A' cuideachadh le bhith a' cumail sùil air buidseatan agus a' cumail rian air stòrasan
- A' cumail sùil fharsaing air ionmhas gus dèanamh cinnteach gun lean an t-seirbheis air stèidh sheasmhach
- A' stiùireadh mar a thèid uidheamachd is stuthan òrdachadh

## Obair Chom-pàirteach

- A' dèanamh cinnteach gu bheil conaltradh fosgarra ga dhèanamh ri pàrantan is luchd-cùraim
- Ag obair còmhla ri buidhnean com-pàirteach leithid Comhairle na Gàidhealtachd, sgoiltean agus luchd-proifeiseanta eile
- A' dèanamh co-chonaltradh buadhach ris a' choimhearsnachd agus ag obair gu dlùth còmhla riutha

## COMASAN AN NEACH-OBACH

	Comasan/teisteanasan riatanach	Comasan/riatanasan a bhiodh nam buannachd	Modhan-measaidh – Foirm-iarrtais no Agallamh
Teisteanasan is trèanadh proifeiseanta no dreuchdail	SVQ3 Seirbheisean Sòisealta (Clann is Daoine Òga) aig ìre SCQF 7; no  HNC Obair le Clann	BA (hons) Obair Cloinne; no teisteanas stiùiridh a tha ionann ri sin	Foirm-iarrtais agus Agallamh
Sgilean	Sgilean ceannais is eagrachaidh  Deagh sgilean conaltraidh is eadar-phearsanta  Sgilean TF agus a thaobh a bhith a' cumail rian air clàran  A' tuigsinn nan dleastanasan a th' air daoine a thaobh dìon air daoine agus slàinte is sàbhailteachd	Comasach air Gàidhlig a sgrìobhadh agus a bhruidhinn	Foirm-iarrtais agus Agallamh
Eòlas	Eòlas air a bhith ag obair ann an ionad thràth-bhliadhnaichean no cùraim-chloinne	Eòlas air obair stiùiridh no a bhith os cionn luchd-obrach	Foirm-iarrtais agus Agallamh



# Fàs Mòr



	Eòlas air a bhith a' cur taic ri math is adhartas cloinne	Eòlas air a bhith ag obair ann an àite-obrach Gàidhlig	
--	---	--	--

**Uairean gach Seachdain:** Cothrom ann uairean làn-thìde no pàirt-thìde a dhèanamh

**Fòrladh Bliadhna:** 35 làithean, a' gabhail a-steach làithean-saora poblach. Bidh Fàs Mòr a' dùnadh fad cola-deug san Iuchar agus aig an Nollaig, a bharrachd air sin, tha sùbailteachd ann a thaobh làithean-saora an còrr dhen bhliadhna.

**Peinnsean Dreuchdail:** Tha sgeama peinnsein aig Fàs Mòr anns am faod a h-uile neach-obrach pàirt a ghabhail.

**Cumhachan Cosnaidh:** Mus tèid neach fhastadh feumaidh sinn teisteanasan leis a bheil sinn riarachta fhaighinn agus feumaidh iad ballrachd a thoirt a-mach san Sgeama PVG. Bidh Fàs Mòr a' dèanamh gach oidhirp gus luchd-obrach a chuideachadh le bhith a' toirt leasachadh air na sgilean aca, a' gabhail a-steach cothroman leasachaidh airson sgilean Gàidhlig.